# mòd phàislig 2023

## 13–21 Dàmhair/October

Prògram an Iomaill/Fringe Programme

**www.modphaislig.com**


SPOOKY FUN FOR ALL THE FAMILY AND PRIZES TO BE WON
PAISLEY'S HALLOWEEN MISFITS TRAIL
PAISLEY TOWN CENTRE
Friday 13th - Tues 31st October
LOVE LOCAL LOVE PAISLEY
in Paisley town centre
Saturday 14th - Saturday 28th October 2023
Buddie Good Deals
LOVE LOCAL - LOVE PAISLEY
Loads of amazing £5 £10 £15 £20 £25 & £30 offers from our independent shops & businesses
Paisley First
Business Improvement District
www.paisleyfirst.com

## Le taic bho/With support from

MAOINICHTE LEIS A' CHRANNCHUR LOTTERY FUNDED

CREATIVE SCOTLAND ALBA | CHRUTHACHAIL

SANGOBEG INVESTMENTS LTD

BBC ALBA

Scottish Government Riaghaltas na h-Alba

Scotland The Perfect Stage

SQA

Stafffinders®

Caledonian MacBrayne

Bòrd na Gàidhlig

FUTURE PAISLEY

Paisley

Renfrewshire Council



## Às leth na Comataidh Ionadail bu mhath leam fàilte chridheil a chur oirbh uile gu Mòd Phàislig 2023.

Chaidh am Mòd a chumail an seo ann an 2013 agus tha sinn air leth toilichte fàilte a chur air Prìomh Fhèis na Gàidhlig air ais dhan bhaile.

'S e measgachadh de cho-fharpaisean, cuirmean-ciùil, cèilidhean agus tachartasan eile a th' anns a' Mhòd agus a bharrachd air na h-eileamaidean nas foirmeile tha Prògram Iomail beòthail ann cuideachd.

Ged a tha a' Ghàidhlig aig cridhe a h-uile càil aig a' Mhòd, bidh rudeigin ann dhan a h-uile duine, fiù 's an fheadhainn aig nach eil Gàidhlig agus tha seo gu sònraichte fìor mu Phrògram an Iomaill.

Tha rudeigin aig Iomall a' Mhòid am-bliadhna dhan a h-uile duine. Prògram slàn de thachartasan chloinne a' gabhail a-steach Clubaichean Chloinne Gàidhlig agus seiseanan Bookbug chan ann a-mhàin ann am Pàislig ach cuideachd 'air chuairt' ann an Siorrachd Rinn Friù. Tha sreath de Chèilidhean Teaghlaich ann cuideachd a' gabhail a-steach cèilidh ioma-chultarach ann an Ionad Tannahill agus cèilidh Oidhche Shamhna.

Bidh ceòl beò ann an taighean-seinnse timcheall meadhan a' bhaile a fhreagras air raon farsaing de bhlasan, agus airson a' chiad uair bidh Club Oifigeil Fèis a' Mhòid ann. Bidh seo anns an Sneddon air Seann Shràid Sneddon ri taobh Stèisean Sràid Gilmour.

A-measg nan tachartasan iomaill bidh cuirm-chiùil a' comharrachadh foillseachadh Cruinneachadh Francis Tolmie agus cuirm crìochnachaidh iongantach nuair a chluicheas an còmhlan Niteworks an aon chuirm Albannach aca den bhliadhna ann an Talla Bhaile Phàislig.

Gu h-iomlan, tha Iomall na bliadhna-sa a' gealltainn a bhith trang agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bh'ur faicinn ann.

**Aonghas Fearghastan,**
**Cathraiche na Comataidh Ionadail**

## On behalf of the Local Organising Group, I would like to welcome you to Mòd Phàislig 2023.

The Mòd was previously held here in 2013 and we are delighted to welcome Gaelic's premier festival back to the town.

The Mòd is a mix of competitions, concerts, cèilidhs and other events. In addition to the more formal elements, there is also a lively Fringe programme.

Although Gaelic is at the heart of everything at the Mòd, all events can be enjoyed by non-Gaelic speakers and this is particularly true of the Fringe Programme.

This year's Fringe has something for everyone. A full programme of children's events includes Gaelic Kids' Clubs and Bookbug sessions not only in Paisley but also 'on tour' across Renfrewshire. A series of Family Cèilidhs are also taking place, including a multi-cultural cèilidh in the Tannahill Centre and a Spooky Halloween-themed cèilidh.

Bars around the town centre will feature live music to suit a wide range of tastes, and for the first time, there will be an official Mòd Festival Club, located in The Sneddon handily-adjacent to Gilmour Street Station.

Signature Fringe events include a concert celebrating the publication of The Francis Tolmie Collection and a spectacular closing concert when folk-electronica powerhouse Niteworks play their only indoor Scottish gig of the year in the newly-refurbished Paisley Town Hall.

All in all, this year's Fringe promises to be an action-packed line-up and we look forward to seeing you there.

**Angus Ferguson,**
**Chair of the Local Organising Group**

## Tha e na thoileachas mòr dhomh fàilte a chur air luchd-tadhail agus farpaisich gu Mòd Nàiseanta Rìoghail.



Tha eachdraidh bheairteach Ghàidhlig aig Siorrachd Rinn Friù. Tha còrr is 1,500 neach-còmhnaidh ann an Siorrachd Rinn Friù an-dràsta as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh no sgrìobhadh, agus tha a' chiad chlas Gàidhlig againn a-nis stèidhichte ann am Bun-sgoil an Iar.

Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' toirt thachartasan agus chothroman do gach aois agus tha tachartasan na h-òigridh air leth luachmhor ann a bhith a' brosnachadh dhaoine òga a dhol an sàs sa Ghàidhlig agus a' togail misneachd ann an cleasachd no bruidhinn gu poblach. Tha iomadh neach-ciùil òg againn ann an Siorrachd Rinn Friù a bhuannaicheas às na cothroman a gheibh iad tron fhèis.

Tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' brosnachadh agus a' cumail taic ris a' Ghàidhlig nar coimhearsnachdan agus tha prògram Iomall a' Mhòid a' tabhann iomadh cothrom do theaghlaichean à Siorrachd Rinn Friù a dhol an sàs – ged a bhiodh Gàidhlig aca no nach bitheadh. Tha rudeigin ann do na h-uile agus bu math leam na h-uimhir de dhaoine 's as urrainn a thighinn agus pàirt a ghabhail ann an comharrachadh ar dualchais Ghàidhlig.

Chaidh am Mòd a chumail ann am Pàislig mu dheireadh ann an 2013 agus aig an àm bha e am measg an fheadhainn a b' fheàrr a chaidh a fhrithealadh ann an eachdraidh an tachartais. Tha mi an dòchas gu faigh sinn air togail air an dìleab seo agus cumail oirnn a' sealltainn ar dealais gus a' Ghàidhlig fhighe a-steach do chultar nan daoine a tha a' fuireach agus ag obair ann an Siorrachd Rinn Friù.

**Provost Lorraine Cameron**

# I am delighted to welcome all visitors and competitors to the Royal National Mòd.

Renfrewshire has a rich Gaelic history. There are currently more than 1,500 residents of Renfrewshire who speak, read or write Gaelic, and we now have our first Gaelic class in place at West Primary School.

The Royal National Mòd provides events and opportunities for all age groups and the junior events are invaluable in encouraging young people to engage with Gaelic and inspiring confidence in performing or public speaking. We have a host of young aspiring musicians in Renfrewshire who will benefit from the opportunities afforded to them through the festival.

We are committed to promoting and supporting the Gaelic language within our communities and our Mòd Fringe programme offers many opportunities for Renfrewshire families to get involved —Gaelic speaking or not. There's something for everyone and I would encourage as many people as possible to come along and take part in the celebration of our Gaelic heritage.

The Mòd was last held in Paisley in 2013 and at the time was one of the best attended in the event's history. I hope we can build on this legacy and continue to showcase our determination to embed Gaelic in the culture of people who live and work in Renfrewshire.

**Provost Lorraine Cameron**

## Le taic bho/With support from:

acair

Comhairle nan Leabhraichean
The Gaelic Books Council

CnaG

Fèis Phàislig

Paisley Hammermen Society

fc sonas
SFC
est. 2020

BBC RADIO NAN GÀIDHEAL

THE HIGHLAND ART PRIZE
DUAIS EALAIN NA GÀIDHEALTACHD







# Bathar aig Mòd Phàislig 2023 ri fhaighinn!
# Mòd Phàislig 2023 merchandise available!

Tadhal air **modphaislig.com/shop** airson tuilleadh fiosrachaidh mu thoraidhean agus mar a cheannaicheas tu.

Visit **modphaislig.com/shop** for more information on products and how to purchase.

## **Clubaichean Cloinne le Fèis Phàislig**/Gaelic Kids Club with Fèis Phàislig

Minis (4–7 years): 10.00–12.00
8–12 years: 13.00–15.00

**16–20 Dàmhair**/October: UWS Students Union, Paisley
**16 Dàmhair**/October: Erskine Arts, Erskine
**17 Dàmhair**/October: McKillop Centre, Lochwinnoch
**18 Dàmhair**/October: Renfrew Town Hall, Renfrew
**19 Dàmhair**/October: Tannahill Centre, Ferguslie
**20 Dàmhair**/October: Johnstone Town Hall, Johnstone
**An-asgaidh**/Free

**Seisean ann an stoidhle campa saor-làithean, a ruitheas gach latha fad seachdain an Dàmhair air a stiùireadh le Fèis Phàislig. Tha fàilte air clann a-staigh agus a-muigh fad na seachdain - a' frithealadh aon seisean no barrachd. Bidh na seiseanan a' gabhail a-steach measgachadh de gheamannan, ceòl, seinn is dannsa, theatar. Bidh cuspair tùsail aig gach latha.**

A holiday camp style bookable session led by Fèis Phàislig. Cluichemeaid (Gaelic for 'Let Us Play') is a dynamic kids club that offers a fun experience of traditional music and Gaelic culture for young people aged 4–7 and 8–12 years. Sessions will involve a mix of games, music, arts and crafts, singing and dancing. Participants do not need to have any previous experience of the Gaelic language to join the sessions.

## **Bookbug Gàidhlig**/ Gaelic Bookbug

**16 Dàmhair**/October: 10.00–10.30, Linwood Library
**17 Dàmhair**/October: 13.30–14.00, Foxbar Library
**18 Dàmhair**/October: 10.30–11.00, Ralston Library
**19 Dàmhair**/October: 10.00–10.30, Johnstone Library
**20 Dàmhair**/October: 10.15–10.45, Glenburn Library
**An-asgaidh**/Free

**Òrain is gàireachdainn aig na seiseanan Bookbug sna leabharlannan againn, le blas Gàidhlig!**

Songs, giggles and smiles at the Bookbug sessions running across our libraries, with a Gaelic twist!



# Club Fèis a' Mhòid/
# Mòd Festival Club

**Dihaoine 13 Dàmhair–Disathairne 21 Dàmhair/**
Friday 13 October–Saturday 21 October

The Sneddon, 30 Old Sneddon St, Paisley PA3 2AL
**An-asgaidh**/Free

**'S e Club Fèis a' Mhòid an t-àite airson fois a ghabhail, coinneachadh ri caraidean agus tlachd fhaighinn às a h-uile càil a tha a' dol aig Mòd Phàislig. Bithidh measgachadh de sheiseanan ciùil pop-up beò agus tachartasan ann gach latha den fhèis.**

Our lively, welcoming Mòd Festival Club is your go-to place to relax, catch up with friends and enoy everything the Mòd and Paisley has to offer. Featuring a variety of pop-up live music sessions and entertainment each day of the festival.





# Mòd Late & Live

**Dihaoine 13 Dàmhair–Disathairne 21 Dàmhair/**
Friday 13 October–Saturday 21 October

**Meadhan Baile Phàislig**/Paisley Town Centre

**Faigh eòlas air ceòl beò traidiseanta agus Gàidhlig bho chuid de na h-aoighean as fheàrr anns a' ghnìomhachas sna taighean-seinnse againn ann am Pàislig.**

**Tadhail air www.modphaislig.com airson na liostaichean as ùire.**

Experience live traditional and Gaelic music from some of the best names in the businesses in our Paisley 'late & live' pubs.

Visit **www.modphaislig.com** for the latest listings.



## Farpaisean Crìochnachaidh An Aigeallain Airgid/ The Silver Pendant Final

**Diciadain 18 Dàmhair**/Wednesday 18 October, 14.00

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig/**
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Òrain bho sheinneadairean Gàidhlig aig an ìre as àirde agus iad a' farpais airson an Aigeallan Airgid.**

Performances from top singers as they compete for the Silver Pendant.

## Dràma a' Mhòid/ Mòd Drama Final

**Diciadain 18 Dàmhair**/Wednesday 18 October, 19.00

**Tèatar Òigridh PACE, An Roinn Ealain/**
PACE Youth Theatre, The Art Department
£15/£8/£5

**Oidhche gu math beòthail le buidhnean-dràma nan coimhearsnachdan ionadail air feadh Alba is iad a' feuchainn gu cruaidh airson roinn farsaing de dhuaisean.**

A very popular, lively evening of performances by local community drama groups from across Scotland, competing fiercely for a wide range of awards.

## **Farpaisean Crìochnachaidh Bonn Òr a' Chomuinn Ghàidhealaich**/ The An Comunn Gàidhealach Gold Medal Final

**Diciadain 18 Dàmhair**/Wednesday 18 October, 19.30

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig**/
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Òrain bho sheinneadairean aig an ìre as àirde agus iad a' farpais airson Bonn Òr A' Chomuinn Ghàidhealaich.**

Performances from top singers as they compete for the An Comunn Gàidhealach Gold Medal.

## **Farpais Latharna Agus An t-Siorraim**/Combined Rural Choirs' Competitions

**Diardaoin 19 Dàmhair**/Thursday 19 October, 13.30

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig**/
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Còisearan a' farpais airson Sgiath Lathairne agus Cuach Cuimhneachaidh an t-Siorraim MacMhaighstir Caimbeul.**

Choirs contest the Lorn Shield and Sheriff MacMaster Campbell Memorial Quaich.

# Farpais Crìochnachaidh An t-Seann Nòis/ The Traditional Gold Medal Final

**Diardaoin 19 Dàmhair**/Thursday 19 October, 19.30

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig/**
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Na seinneadairean traidiseanta aig an ìre as àirde a' farpais airson Bonn Òr Thraidiseanta Mhàiri NicLaomainn.**

The top traditional singers contest the coveted Mary Lamont Traditional Gold Medal.

# Farpais Thulaich Bhàrdainn & Mairead NicDhonnchaidh/ Combined Areas Choirs' Competition

**Dihaoine 20 Dàmhair**/Friday 20 October, 13.30

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig/**
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Na còisirean sgìreil a' farpais airson Sgiath Mhic Shimidh is Thulaich Bhàrdainn & Cuach Cuimhneachan Mairead NicDhonnchaidh.**

The regional choirs contest the Lovat & Tullibardine & Margrat Duncan trophies.




PAISLEY.IS
FREE ENTRY
PAISLEY
HALLOWEEN
FESTIVAL
THURSDAY 26 TO
SATURDAY 28 OCTOBER
DIARDAOIN 26 –
DISATHAIRNE 28 DÀMHAIR
PAISLEY TOWN CENTRE
5 – 9 PM
Paisley
CIRQUE Bijou
Scotland
The Perfect Stage
FUTURE PAISLEY
Renfrewshire Council

## Cupa Ball-coise a' Mhòid/ Mòd Football Cup

**Disathairne 14 Dàmhair**/Saturday 14 October

King George V Playing Fields, Renfrew, 15.00

**Tha Disathairne Spòrs a' Mhòid a' faighinn taic bho OneRen Active Schools agus Comann na Camanachd. Inntrigeadh an-asgaidh – fàilte air tabhartasan.**

Mòd Sporting Saturday is supported by OneRen Active Schools and the Camanachd Association.

Entry is free—donations are welcomed.

**Le taic bho**/With support from FC Sonas.



## Cupannan Camanachd a' Mhòid/ Mòd Shinty Cups

**Disathairne 14 Dàmhair**/Saturday 14 October

King George V Pitches, Renfrew, 10.30–12.30

Farpais Camanachd Phàislig Rìoghail - Iomain Òigridh a' Mhòid/ The Paisley Royal Tournament/ Youth Shinty Mòd Competition

**A' cuimhneachadh air sgioba iomain Phàislig, Camanachd Phàislig Rìoghail le farpais do dh'òigridh**

Inspired by the legacy of Paisley's former shinty team, Paisley Royal Shinty Club, youngsters from across the Central Belt will compete for the Mòd Shinty Youth Cup.

**Le taic bho**/With support from The Camanachd Association.





## **Geall-dùbhlain LearnGaelic**/ LearnGaelic Trophy

**Disathairne 14 Dàmhair**/Saturday 14 October

King George V Pitches, Renfrew
Women's Shinty Mòd Cup: Throw up 12.00

Alba vs Glasgow Select

**Bidh sgioba Gàidhlig na h-Alba a' cluich an aghaidh sgioba taghte bho chluicheadairean Ghlaschu ann an gèam taisbeanaidh dusan gach taobh.**

Alba, the Scottish Gaelic international select will play against a Glasgow select in a showcase 12 a-side match.



## **Geall-dùbhlain na h-Aghaidh Mhòire**/Aviemore Trophy

**Disathairne 14 Dàmhair**/Saturday 14 October

King George V Pitches, Renfrew
Men's Shinty Mòd Cup: Throw up 14.00

**Oilthigh Ghlaschu V Srath Chura – Dùn Omhain**
Glasgow University vs Strachur–Dunoon

**Bidh Oilthigh Ghlaschu a' comharrachadh fichead bliadhna on turas mu dheireadh a thog iad duais mhòr le cuairt dheireannach an aghaidh club ùr ach seann, Srath Chura – Dùn Omhain, a thàinig còmhla ann an 2021 airson an gèam a ghlèidheadh sna sgìrean aca.**

Glasgow University mark 20 years since they last won a major trophy with a cup final against a new, yet old club, Strachur–Dunoon, who came together in 2021 to preserve the playing of shinty in their communities.


Train station
(Paisley Gilmour Street)
Parking
Taxi
FOUNTAIN GARDENS
6
A726
GREENOCK ROAD
LOVE STREET
TO GLASGOW AIRPORT →
RIVER CART
ABERCORN STREET
TO M8 →
RENFREW ROAD
NIDDRY STREET
A726
Approx 5 mins walk
10
NEW SNEDDON ST
B775
ST JAMES STREET
A726
8
WEIR STREET
← TO PAISLEY ST JAMES STATION
CENTRAL ROAD
A726
TO GLASGOW →
GLASGOW ROAD
GREENLAW AVENUE
MOSS STREET
SMITHHILLS STREET
LAWN STREET
SILK ST
GAUZE STREET
9
11
OAKSHAW STREET EAST
5
OAKSHAW STREET WEST
HIGH STREET
MILL STREET
MCKERRELL STREET
KILNSIDE ROAD
COTTON ST
1
2
RIVER CART
4
WEST BRAE
WELLMEADOW ST
7
STORIE STREET
WEIGHHOUSE CLOSE
NEW STREET
A726
BRIDGE STREET
SEEDHILL ROAD
LADY LANE
CAUSEYSIDE STREET
ORCHARD ST
SEEDHILL
GEORGE STREET
GORDON STREET
3
A726




# Venues

1. Talla Bhaile Phàislig/ Paisley Town Hall/
2. Abaid Phàislig/Paisley Abbey
3. Eaglais Re:Hope/ Re:Hope Church
4. Tèatar Òigridh PACE, An Roinn Ealain/PACE at The Art Department
5. Ionad a' Chaigeann/ The Wynd Centre
6. Fountain Gardens
7. Aonadh nan Oileanach/ UWS Student Union
8. The Sneddon (Club Fèis a' Mhòid)/(Mòd Festival Club)
9. Talla Meathodach/ Methodist Central Hall
10. Eaglais Phàislig a Tuath/ Paisley North Church
11. Ionad-spòrs Lagoon/ Lagoon Leisure Centre
12. King George V Playing Fields

# Breabach: Cuirm-Fosglaidh a' Mhòid 2023/Breabach: Mòd 2023 Opening Concert

**Dihaoine 13 Dàmhair**/Friday 13 October, 19.30

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig**/
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Cuirm-chiùil le cuid de na cliuchaidearan 's cliùitiche an Alba. 'S e Breabach, Còmhlan Dùthchasach na Bliadhna aig Duaisean Ciùil Traidiseanta MG ALBA, a dh'fhosglas am Mòd Nàiseanta Rìoghail ann am Pàislig.**

A special concert headlined by one of Scotland's most skilled and imaginative contemporary acts. Breabach are current MG ALBA Scots Trad Music Awards Folk Band of the Year, and will open The Royal National Mòd in Paisley in style.



# Ar Cànan 'S Ar Ceòl/
## Our Language Our Music

**Disathairne 14 Dàmhair**/Saturday 14 October, 19.30

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig/**
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Oidhche air leth de cheòl traidiseanta agus cultar Gàidhlig le tàlant gu leòr bho Shiorrachd Rinn Friù. Thigibh còmhla rinn airson taisbeanadh de thàlant ionadail le òigridh bho Fèis Phàislig agus còmhlan-pìoba sgoiltean Rinn Friù. Bidh Ceòlraidh Ghàidhlig Ghlaschu a' seinn còmhla ri cuid de na seinneadairean Gàidhlig as cliùitiche ann an Alba – Ainsley Hamill, Deirdre Graham agus Joy Dunlop. Bidh Kilbarchan Pipe Band, Jenna Reid & Harris Playfair a' nochdadh mar phàirt den chuirm seo. Le mòran ri chluinntinn, cha bhi sibh airson an oidhche chliùiteach seo de cheòl is òrain a chall.**

An unforgettable night of traditional music and Gaelic culture with talent from Renfrewshire and beyond. Join us for a showcase of local talent that includes young musicians from Fèis Phàislig and the Renfrewshire Schools Pipe Band. The Glasgow Gaelic Association will feature alongside some of Scotland's finest Gaelic singers - Ainsley Hamill, Deirdre Graham and Joy Dunlop. There will be performances from the Kilbarchan Pipe Band as well as Jenna Reid & Harris Playfair. With a few surprises along the way, you won't want to miss this high-quality night of music and song.



## Seirbheis Eaglais a' Mhòid/ Mòd Church Service

**Didòmhnaich 15 Dàmhair**/Sunday 15 October

**Abaid Phàislig**/Paisley Abbey, 15.00

**On a bhios an tachartas seo air a chraoladh beò air Radio nan Gàidheal, tha sinn ag iarraidh air a' phoball a bhith an làthair aig 2.30f airson an t-seirbheis a' tòiseachadh aig 3f.**

As this event will be broadcast live on Radio nan Gàidheal we ask the public to arrive at 2.30pm for the service at 3pm.

**Le taic bho**/With support from Radio nan Gàidheal.

## Ceòl Soisgeulach Cheilteach/ Celtic Praise

**Didòmhnaich 15 Dàmhair**/Sunday 15 October

**Talla Meathodach**/Methodist Central Hall, 19.00

**Cuireadh a thighinn gu feasgar neo-fhoirmeil de Cheòl Soisgeulach Cheilteach.**

An invitation to come along and enjoy an informal evening of Celtic Praise.

## Cuairt Nàdair Gàidhlig/ Gaelic Nature Walk

**Didòmhnaich 15 Dàmhair**/Sunday 15 October, 14.00

Fountain Gardens, Paisley: **An-asgaidh**/Free

**Faigh eòlas air na gàrraidhean poblach as sine ann am Pàislig timcheall air an Fhuaran Grand Central air a chuairt seo air a stiùireadh leis an t-seinneadair Gàidhlig, sgrìobhadair òrain Alasdair MacIlleBhàin, a' bruidhinn air beul-aithris na Gàidhlig agus ag ionnsachadh ainmean Gàidhlig airson nan craobhan, lusan, beathaichean, eòin agus feartan a chithear sa phàirc. Air a leasachadh ann an com-pàirteachas le com-pàirtichean bho STAR Project.**

Experience Paisley's oldest public gardens centred around the Grand Central Fountain in this walk led by award-winning Gaelic singer-songwriter Alasdair Whyte, discussing Gaelic folklore and learning Gaelic names for the trees, plants, animals, birds and features seen in the park. Developed in partnership with participants from STAR Project.



## Sruth "Buainidh Aon Fhacal Ceud"

Diluain 16 Dàmhair agus Dimàirt 17 Dàmhair/
Monday 16 October and Tuesday 17 October,
10.00–15.00

Skinnedars, Talla Bhaile Phàislig
Skinnedars, Paisley Town Hall

**Cothrom do dh'òigridh tighinn a bhruidhinn ri cuid de na rionnagan as ainmeil air a' Ghàidhealtachd. Thigibh ann is coinnichibh ri aghaidhean ainmeil, faighibh a-mach mun obair agus na cur-seachadan aca - bu toil leotha a bhith a' cabadaich ribh sa Ghàidhlig!**

An opportunity for young people to come and chat with some of Gaeldom's best-known stars. Come along and meet some well-known faces, find out about their work, their hobbies and interests - they would love to have a blether with you in Gaelic!

## Bùithean-obrach Sgilean Siorcas Gàidhlig/ Gaelic Circus Skills Workshops

Diluain 16 Dàmhair/Monday 16 October
6-12years: 13.00–14.30
13years+: 15.00–16.30

Siorcas Coimhearsnachd, Pàislig/
Community Circus, Paisley: £2

**Thigibh ann agus feuchaibh na tachartasan againn agus ionnsachaichibh beagan Gàidhlig aig an aon àm. Bho tightwire gu trapeze, juggling, unicycle dannsa aerial, no ma tha sibh dìreach airson beagan cràic, cabadaich agus cèic. Tha sinn a' cur fàilte air daoine aig nach eil Gàidhlig agus luchd-labhairt na Gàidhlig aig gach ìre.**

Come along and try out our activities while learning a little bit of Gaelic. From tightwire to trapeze, juggling, unicycle, aerial dance and more, or if you just fancy a wee bit of cràic, chat agus cake. We welcome non-Gaelic speakers and Gaelic speakers at all levels.

## **Cèilidhean Chloinne**/ Children's Cèilidh

**Diluain 16 agus Dimàirt 17 Dàmhair**/
Monday 16 and Tuesday 17 October, 18.00

**Aonadh nan Oileanach**/UWS Student Union
An-asgaidh/Free

**Pailteas spòrs don chloinn, le ceòl, geamannan agus gu leòr dannsa. Air a lìbhrigeadh le taic bho Chomunn na Gàidhlig.**

Fun for all the family with music, games and plenty of dancing. Supported and delivered by Comunn na Gàidhlig. A café bar is available inside the venue selling coffee, drinks, snacks, meals and a special kids menu.

**Le taic bho**/With support from
Fèis Phàislig & Comunn na Gàidhlig.



## **Farpais Ullachaidh Cogadh nan Còmhlan**/Battle of the Bands Heats

**Diluain 16 Dàmhair**/Monday 16 October, 19.30

**An Tèarmann, Eaglais Re:Hope**
**The** Sanctuary, Re:Hope Church: £5

## **Farpais Crìochnachaidh Cogadh nan Còmhlan**/ Battle of the Bands Final

**Dimàirt 17 Dàmhair**/Tuesday 17 October, 19.30

**An Tèarmann, Eaglais Re:Hope**
**The** Sanctuary, Re:Hope Church: £5

**Farpais a tha a' taisbeanadh an tàlant ùr ann an saoghal na Gàidhlig agus ceòl traidiseanta. Gheibh an còmhlan a bhuannaicheas cothrom clàraidh còmhla ri Stiùidio JJ Recordings, Pàislig.**

A competition showcasing the emerging talent on the Gaelic and traditional music scene. The winning band will receive a prize of studio time with JJ Recordings Studio, Paisley.

**Le taic bho**/With support from
The Paisley Hammermen Society.

# **Gun Sireadh Gun Iarraidh**/ The Frances Tolmie Collection Concert By Kenna Campbell & Ainsley Hamill



**Dimàirt 17 Dàmhair**/Tuesday 17 October, 20.00

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig**/
Main Auditorium, Paisley Town Hall
£15/£8/£5

**Thigibh còmhla ri Ainsley Hamill, Ceitlin Lilidh,** Mischa Nic a' Phearsain, Màiri Callan, Seumas Greumach, Raonaid Walker, Màiri Anna NicUalraig, Wilma Cheanadach, Seumas Caimbeul agus Ceana Chaimbeul ann an cuirm a chaidh a chruthachadh às ùr gus cruinneachadh òrain Ghàidhlig ath-obraichte Frances Tolmie: *Gun Sireadh Gun Iarraidh* fhoillseachadh. Fad iomadh bliadhna a' teagasg aig Conservatoire Rìoghail na h-Alba, tha Ceana Chaimbeul air an cruinneachadh seo a thoirt do na h-oileanaich aice.

Cluinnibh òrain bhon chruinneachadh còmhla ri còmhlan-taighe Albannach làn-rionnag bhon chruinneachadh òrain Ghàidhlig a chaidh ath-obrachadh le Ceana Chaimbeul & Ainsley Hamill.

Join Ainsley Hamill, Ceitlin Lilidh, Mischa Macpherson, Màiri Callan, James Graham, Rachel Walker, Mary Ann Kennedy, Wilma Kennedy, Seumas Campbell and Kenna Campbell in a newly created show to launch the reworked Gaelic song collection of Frances Tolmie: *Gun Sireadh Gun Iarraidh*. Throughout many years teaching at The Royal Conservatoire of Scotland, Kenna Campbell has passed this collection to her students.

Listen to songs from the collection accompanied by a Scottish folk all-star house band from the reworked Gaelic song collection edited by Kenna Campbell & Ainsley Hamill.

Le taic bho/With support from Acair & Comhairle nan Leabhraichean.

## **Latha Litreachas**/ Literature Prizegiving

**Diciadain 18 Dàmhair**/Wednesday 18 October, 12.00

**Seòmar Jacquard, Talla Bhaile Phàislig**/
Jacquard Suite, Paisley Town Hall.

**An-asgaidh**/Free

**Bidh sinn a' comharrachadh farpaisean litreachas a' Mhòid le bhith a' toirt seachad duaisean airson earrainnean sgrìobhaidh, ealain agus meadhanan airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.**

Join us at this year's Literature prize giving ceremony as we celebrate with some of the winning competitors in writing, art and media categories.

**Le taic bho**/With support from SQA & The Learned Kindred of Currie.

## **Somhairle MacGill-Eain - Na Bhriathran Fhèin**/Somhairle MacLean—In his Own Words

**Diciadain 18 Dàmhair**/Wednesday 18 October, 16.30

**Seòmar Jacquard, Talla Bhaile Phàislig**/
Jacquard Suite, Paisley Town Hall.

**An-asgaidh**/Free

**Cothrom Còmhraidh - Nach tig sibh cùide ri Jo NicDhòmhnaill agus Màiri Sìne Chaimbeul agus iad a' bruidhinn mun leabhar ùr - Somhairle MacGill-Eain - Na Bhriathran Fhèin. Chaidh an leabhar a dheasachadh leotha agus gu leòr aca ri innse mun t-slighe a bh' aca agus iad ag obair air an leabhar phrìseil seo a chur ri chèile. Le sgeulachdan, dealbhan agus cothrom ceistean fhaighneachd, feuch nach caill sibh seo.**

Join Jo MacDonald and Mairi Sine Campbell as they talk about the new book—Somhairle MacGill-Eain-Na Bhriathran Fhèin. They edited and contributed to the book and have plenty to tell about their journey to creating this special book. With stories, photographs and the chance to ask questions, don't miss the opportunity to join in!

**Le taic bho**/With support from Acair.

## 100 Bliadhna nam Bàrd/ 100 Years of Bards

**Diciadain 18 Dàmhair**/Wednesday 18 October, 14.00

**Seòmar Jacquard, Talla Bhaile Phàislig**/
Jacquard Suite, Paisley Town Hall
**An-asgaidh**/Free

**Tachartas sònraichte leis a' Chomunn Ghàidhealach agus a' foillsichear leabhraichean Gàidhlig, CLÀR, gus leabhar ùr 100 Bliadhna nam Bàrd a chur air bhog. Air a dheasachadh le Gillebride MacIllemhaoil, tha an leabhar a' comharrachadh eachdraidh 100 bliadhna de Chrùn a' Bhàird aig a' Chomunn Ghàidhealach. Chaidh a' chiad Bàrd a' Chomuinn a chrùnadh ann an 1923 's gu ruige seo chaidh 58 bàrd a chrùnadh. Bidh Gillebride ann an cuideachd feadhainn de na bàird air an deach an duais shònraichte seo a bhuileachadh.**

Join An Comunn Gàidhealach and book publisher, CLÀR, to launch the new book 100 Years of Bards. Edited by Gillebride MacMillan, the book celebrates the 100-year history of An Comunn Gàidhealach's Bardic Crown. The first bàrd was crowned in 1923 and to date 58 bards have received this prestigious honour. Gillebride will be in the company of some of the previous bards.

**Le taic bho**/With support from
Comhairle nan Leabhraichean.

## Còmhradh nam Bàrd/ The Conversation of the Bards

**Diciadain 18 Dàmhair**/Wednesday 18 October, 15.00

**Seòmar Jacquard, Talla Bhaile Phàislig**/
Jacquard Suite, Paisley Town Hall. **An-asgaidh**/Free

**Bidh Pàdraig MacAoidh, Bàrd a' Chomuinn 2022 ann an còmhradh le bàrd ùr a' Chomuinn 2023. Rugadh agus thogadh Pàdraig ann an Eilean Leòdhais. Tha dà leabhar bàrdachd aige: Gu Leòr / Galore, a bha air a' gheàrr-liosta airson Duais Saltire Leabhar Bàrdachd Albannach na Bliadhna agus Duais Dhòmhnaill Meek, agus an dàrna leabhar aige Nàdar De / Some Kind Of a bha air a' gheàrr-liosta airson Duais Ruaraidh MhicThòmais. Bha an leabhar seo cuideachd air an liosta airson Duais Leabhar na Gàidhealtachd. Leughaidhean agus còmhradh bho dhithis de na bàird Gàidhlig as cliùtiche.**

Peter MacKay, An Comunn's Bàrd for 2022, in conversation with the newly appointed bàrd for 2023. Born and brought up on the Isle of Lewis, Peter has published two books of poetry: Gu Leòr / Galore, which was shortlisted for the Saltire Scottish Poetry Book of the Year and the Gaelic Book of the Year, and Nàdar De / Some Kind Of, which was shortlisted for the Ruaraidh MacThòmais Prize and longlisted for the Highland Book Prize. This event includes readings and discussion from two of Galedom's most prominent Bàrds.

**Le taic bho**/With support from
Comhairle nan Leabhraichean.

## Taisbeanadh Didseatach Ealain na Gàidhealtachd 2023/Digital Presentation of 2023 Highland Art

**Diardaoin 19 Dàmhair**/Thursday 19 October, 12.30

**Skinnedars, Talla Bhaile Phàislig/**
Skinnedars, Paisley Town Hall
**An-asgaidh**/Free

**www.highlandartprize.org.uk**

**Bidh Iseabail Mhoireach (britheamh Duais Ealain na Gàidhealtachd 2023) a' taisbeanadh nan 10 pìosan ealain a tha air geàrr-liosta duais na bliadhna-sa. Bruidhnidh i air carson a chaidh an taghadh airson a' gheàrr-liosta; agus bidh David Page (buannaiche Duais Ealain na Gàidhealtachd 2022) a' sealltainn cuid den obair ùr aige, a tha aig taisbeanadh na bliadhna-sa.**

Ishbel Murray (judge of the 2023 Highland Art Prize) will present the 10 artworks that have been shortlisted for this year's award, talking through why she chose them for the shortlist; and David Page (winner of the 2022 Highland Art Prize) will present a selection of his new work, which is being exhibited alongside this year's exhibition.

**Le taic bho**/With support from
The Highland Society of London, Wasps,
Bòrd na Gàidhlig & An Comunn Gàidhealach.

## Taisbeanadh Duais Ealain na Gàidhealtachd/Highland Art Prize Giving Ceremony

**Dihaoine 20 Dàmhair/**
Friday 20 October, 12.30

The Briggait Hall,
141 Bridgegate, Glasgow G1 5HZ,
**An-asgaidh**/Free

**www.highlandartprize.org.uk**

**Taisbeanadh mun deichnear a tha air a' chuairt dheireannaich agus thèid buannaiche Duais Ealain na Gàidhealtachd 2023 ainmeachadh.**

Guided tour of the 10 longlist finalists and announcement of the winner of the 2023 Highland Art Prize.



# **Taisbeanadh Duais Ealain na Gàidhealtachd**/ Highland Art Prize Giving Exhibition

**Dihaoine 13–Disathairne 21 Dàmhair**/
Friday 13–Saturday 21 October, 9.30–17.30

**Talla Bhriggait**/The Briggait Hall,
141 Bridgegate, Glasgow G1 5HZ
**An-asgaidh**/Free

**www.highlandartprize.org.uk**

**Taisbeanadh de 60-75 pìosan ealain bho air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, a' farpais airson Duais Ealain na Gàidhealtachd 2023.**

Exhibition of 60-75 recent artworks from around the Highlands and Islands, competing for the 2023 Highland Art Prize. Prize Giving (Friday 20 October, 12.30pm) with guided tour of the 10 longlist finalists and announcement of the winner.



## Friog-frag Pàislig/ Paisley Patter

Diardaoin 19 Dàmhair/Thursday 19 October, 20.30

Seòmar Jacquard, Talla Bhaile Phàislig/
Jacquard Suite, Paisley Town Hall
£6/£4

**Oidhche sgraids le Martin O'Connor, neach-ealain a tha co-cheangailte le GUIR! le bàrdachd agus òrain Ghàidhlig ann an cànanan na h-Alba, sean is ùr. Le cleasaichean Gàidhlig a' tighinn còmhla rinn air a' thimcheallan de leasachadh cànain – cuin a bhios sinn a' dol air no a' tighinn dheth no a bheil sinn dìreach a' cumail oirnn a' dol mun cuairt? Sùil èibhinn air ar guthan agus ar faclan fhèin, air a rannsachadh tro litrichean labhairt gu Pàislig agus Glaschu.**

A one-off scratch night by GUIR! associated artist Martin O'Connor with spoken word and Gaelic song in the languages of Scotland, old and new. With guest Gaelic performers joining us on the merry-go-round of language and language evolution—when do we step on and when do we step off or do we just keep spinning? A humorous look at our own voices and words, explored through spoken letters to Paisley and Glasgow.

## Cèilidh Fàilteachais/ Welcome Cèilidh

Diardaoin 19 Dàmhair/Thursday 19 October, 17.00

Tannahill Centre, Ferguslie. An-asgaidh/Free

**Ann an com-pàirteachas le Sgoil Chultaran Afraga, cuirear fàilte chridheil oirbh a thighinn a chomharrachadh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail le measgachadh farsaing de luchd-ciùil, Dannsa Cèilidh, biadh is sgeulachdan bho air feadh an t-saoghail. Cèilidh traidiseanta - tha an tachartas seo a' cur fàilte air coimhearsnachdan bho gach cultar a bhith a' roinn sgeulachdan nan cànan dùthchasach, measgaichte leis a' Ghàidhlig.**

In partnership with School of African Cultures, a warm welcome is extended to come along and celebrate the Royal National Mòd featuring a diverse range of music acts, Cèilidh dancing, food and stories from around the world. Cèilidh in its traditional sense—this event welcomes communities from all cultures to share stories in their native languages mixed with Gaelic.



# Fàilte Gu BSL le Evie Waddell/ Welcome to BSL by Evie Waddell

**Dihaoine 20 Dàmhair**/Friday 20 October
Workshop 16.30 and Show 20.00–21.00

**Seòmar Jacquard, Talla Bhaile Phàislig/**
Jacquard Suite Paisley Town Hall
£2 workshop—£6/£4 show

**Thigibh an sàs ann an traidiseanan Albannach tro dhannsa, òrain agus cànanan. Air a stiùireadh leis an neach-ciùil traidiseanta Evie Waddell agus an sgioba de luchd-ciùil bodhar aice.**

**Tha Gàidhlig aig Evie Waddell, tha i b/Bodhar agus na neach-ciùil. Tha eòlas air ceangal cruthachail agus poilitigeach tro aonaranachd aig cridhe an taisbeanaidh bheothail seo. Le bhith a' cleachdadh òrain is sgeulachdan traidiseanta, soidhne agus dannsa, bidh an sgioba a' rannsachadh chothroman do dhaoine Bodhar a bhith a' sealbhachadh cultar Albannach agus na dàimhean eadar a' Ghàidhlig agus BSL, a' cleachdadh cleasachd còmhla gus cudrom a thoirt air gach 'guth cultarail' sònraichte. Bùth-obrach ron taisbeanadh a tha ri fhaighinn tro EventBrite 16.30 - 17.30 (30 àite a' gabhail a-steach clann).**



Immerse yourself in Scottish traditions through dance, song and languages. Led by traditional musician Evie Waddell and her team of deaf performers.

Evie Waddell is a Gaelic speaker, d/Deaf and a musician. Experiences of creative and political connection through isolation are at the core of this vibrant show. By using traditional songs and stories, sign and dance, the cast explores opportunities for d/Deaf people to own Scottish culture and the relationships between Gaelic and BSL, using collaborative performance to amplify the importance of each unique 'cultural voice'. A workshop preceding the performance available to book through EventBrite 16.30–17.30 (30 places including kids).

# Spooky Samhain Family Cèilidh

Disathairne 21 Dàmhair/Saturday 21 October, 13.00
Aonadh nan Oileanach/UWS Student Union
£3/£10 group of 4

**Comharraich Oidhche Shamhna agus Fèis na Samhna ann an dualchas na Gàidhlig le cèilidh teaghlaich, sgilean siorcais, spòrs chloin ne, geamaichean is ealain. Thathas a' moladh aodach sgeadaichte a bhith oirbh.**

Celebrate Halloween and the Samhain Festival in the Gaelic tradition with a family cèilidh led by Fèis Phàislig, circus skills, kids entertainment, games and arts and crafts. Dress up is encouraged.





# Co-Chòisearan/Massed Choirs

Saturday 21 October/Disathairne 22 Dàmhair

Taobh a-muigh Talla Bhaile Phàislig/
Outside Paisley Town Hall, 10.30am

An-asgaidh/Free

**Thigibh còmhla ri na còisearan gu lèir gus crìoch iomchaidh a chuir air Mòd Phàislig**

Join the massed choirs for a fitting finale to the Paisley Mòd.



# Mòd Grand Finale/
# The Reeling x Mòd Phàislig 2023

**Disathairne 21 Dàmhair/Saturday 21 October**

**Prìomh Thalla, Talla Bhaile Phàislig/**
Main Auditorium, Paisley Town Hall, 7pm

**Is e an còmhlan folk-electronica lùthmhor Niteworks a bheir am Mòd Nàiseanta Rìoghail gu crìoch. Ainmeil airson an cuid measgachaidh de dh'òrain Gàidhlig, Albais agus Beurla fighte-fuaighte le ceòl toinnte eileagtronaga, is e Niteworks am prìomh chòmhlan a bhios aig Consairt Dùnaidh a' Mhòid. Airson a' chiad uair, cuiridh Niteworks crìoch, ann an deagh stoidhle, air naoi làithean de shubhachas, a' comharrachadh cànan is cultar na Gàidhlig.**

**Air a riochdachadh le The Reeling, an fhèis chiùil thraidiseanta as ùire ann an Alba, bidh an consairt seo mar an aon ghnìomhadh den bhliadhna aig Niteworks ann an Alba, agus is e seo a' chiad uair a tha an còmhlan, a bha ainmichte airson Duais SAY, air cluich air àrd-ùrlar do luchd-èisteachd ann am Pàislig. Còmhla riutha air an oidhche sin bidh DLÙ, an còmhlan de cheòl measgaichte traidiseanta à Glaschu agus bidh cuirm-chiùil na h-oidhche a' leantainn air an t-subhachas an lùib Co-Chruinneachadh nan Còisireana bhios air sràidean Phàislig sa mhadainn.**

Folk-electronica powerhouse Niteworks will bring this year's Royal National Mòd to a spectacular close. Acclaimed for their electrifying mix of Gaelic, Scots and English folk songs infused with cinematic electronica, Niteworks will headline the Paisley Mòd's much-loved Closing Concert for the first time, rounding up nine days of celebrations of Gaelic language and culture in style.

Presented by The Reeling, Scotland's newest trad music festival, the concert will be Niteworks' only Scottish venue gig of the year and is the first time the SAY Award nominees and one of the world's biggest Gaelic bands have played to audiences in Paisley. They will be joined by Glasgow trad fusion outfit DLÙ and the evening concert will follow the morning's traditional Massed Choirs celebration on the streets of Paisley.



An iconic landmark, uniquely transformed.

# PAISLEY TOWN HALL

Your new home of entertainment, culture and the arts.

oneren.org

Brought to you by

ONE REN

www.modphaislig.com